

X229/301

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2007

TUESDAY, 29 MAY
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



STIÙIREADH DON TIDSEAR

MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH

1. Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Leughaibh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.

[A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN]

4. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaibh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh i cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.

[AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN]

6. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Tòisichibh an t-inneal.**

[A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN]

4. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, canaibh ris na sgoilearan**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

(Na cuiribh air ais an CD.)

[CLUICH DEN EARRAINN]

5. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.**

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

EARRANN

Nuair a ghabhas tu banana no cupa cofaidh, am bi thu uair sam bith a' smaoinichadh air mar a thàinig na stuthan sin thugad agus dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a sin air beatha dhaoine air taobh eile an t-saoghail?

'S ann à dùthchannan teth mar Afraga agus Ameireaga a-deas as motha tha rudan mar cofaidh a' tighinn. Glè thrìc tha bochdainn mhòr anns na tìrean far a bheil iad a' fàs. Tha aig na daoine a tha an sàs ann an cur agus buain nan stuthan seo ri obair air leth cruaidh agus fiù 's le sin tha e doirbh dhaibh beòshlaint cheart a bhith aca.

Nuair a thèid prìs rudan mar cofaidh no teoclaid sìos, bidh daoine san dùthaich seo toilichte on a tha e nas fhasa dhuinn an ceannach, ach faodaidh droch bhuidh dha rìribh a bhith aig an seo air na tuathanaich a tha gam fàs, gan cur ann am fiachan 's dòcha no gan cur a-mach às an fhearann aca buileach glan.

'S ann airson dèiligeadh ri leithid seo a thòisich buidhnean-leasachaidh air "Malairt Chothromach" a chur air chois. Tha Malairt Chothromach a' ciallachadh a bhith a' ceannach stuthan mar còca, cofaidh agus measan dìreach o na tuathanaich, aig prìsean reusanta, agus gan reic dhaibh ann an dùthchannan beartach.

An toiseach cha bhiodh na buidhnean-leasachaidh a' reic an stuth ach anns na bùithtean beaga aca fhèin agus tro chatalogan ach bha e soilleir dhaibh an ceann greise, ma bha iad dol a thoirt piseach cheart air an t-suidheachadh, gum feumadh iad na companaidhean mòra a thoirt a-steach air an sgeama agus an stuth fhaighinn dha na mòr-bhùthan. Tha a' dol leotha gu math le seo.

Tha an luchd-leasachaidh cuideachd a' toirt nan tuathanach còmhla gu bhith ag obair ann an compàirt ri chèile. Tha seo ga dhèanamh nas fhasa dhaibh airgead fhaighinn air iasad, innealan a cheannach agus prìsean ceart fhaighinn airson a' bhathair aca. Bidh iad cuideachd a' faighinn trèanadh agus comhairle air ionmhas agus margaidheachd.

Tha pàirt dhen phrothaid a tha tighinn às an sgeama ga chur ri pròiseactan airson math an àite, mar eisimpleir airson uisge glan no airson rathaidean gu na margaidhean.

Tha Malairt Chothromach air cothrom a thoirt do mhòran thuathanach bhochda an gnìomhachas aca a chur air stèidh sheasmhach. Tha e a' toirt fèin-mheas do dhaoine, a bha an impis a chall, agus misneachd gun urrainn dhaibh an cor fhèin a leasachadh.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

X229/302

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2007

TUESDAY, 29 MAY
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dheànamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaidean.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 40 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

1. A rèir toiseach na h-aithris, dè na ceistean a dh'fhaodadh tu a chur ort fhèin nuair a ghabhas tu banana no cofaidh?

3

2. (a) Dè an dà rud a tha air innse dhuinn mu na dùthchannan às a bheil na stuthan seo a' tighinn?

2

- (b) Dè seòrsa dòigh-beatha a tha aig na tuathanaich?

2

3. (a) Nuair a thèid prìs a' chofaidh sìos, ciamar a bhios daoine a-bhos an seo a' faireachdainn?

1

- (b) Dè a' bhuidh a dh'fhaodas a bhith aig a' phrìs dol sìos air tuathanaich a' chofaidh?

2

4. Ciamar a tha na buidhnean-leasachaidh a' cur "Malairt Chothromach" an gnìomh? Ainmich trì ceumannan.

3

5. (a) Ciamar a bha na buidhnean-leasachaidh a' reic an stuth an toiseach?

2

- (b) Dè an co-dhùnadh gun tàinig iad an ceann greis a thaobh seo?

3

6. Dè na dòighean sa bheil e na chuideachadh do na tuathanaich a bhith ag obair ann am compàirt ri chèile?

3

7. Dè na rudan air am bi iad a' faighinn trèanadh agus comhairle?

2

[Tionndaidh an duilleag

8. Ainmich dà sheòrsa pròiseact feumail a bhios air an cur air adhart le prothaidean na sgeama.

2

9. Dè an diofar a rinn Malairt Chothromach do ghniomhachas nan tuathanach bhochda?

2

10. Ciamar a tha Malairt Chothromach ag atharrachadh na dòigh anns a bheil na tuathanaich bhochda a' faireachdainn mun deidhinn fhèin?

3

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

X229/303

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2007

TUESDAY, 29 MAY
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh
Roinn B(iii): Litreachas

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dheànamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaidean.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



Leugh an sgeulachd agus freagair nad chainnt fhèin na ceistean a tha ga leantainn.

IGNIG DANNSAIR

Cha robh mise na mo bheatha aig tiodhlacadh a bha cho mòr. Ignig bochd, cha robh e fada beò. Ach, a dh'aindeoin sin, 's ann bu mhath gun do bhàsaich e.

Tha cuimhn' agam an latha a rugadh e. Pàiste cho laghach 's a chunnaic thu riamh. An dà shùil cho dubh ris an t-seilcheig agus gruaidhean mìne, molach. Agus chan e a-mhàin laghach ach comasach cuideachd!

'S ann an Iodhlainn an Luch-fheòir a bha am baile an uairsin agus gu dearbh bha sinne glè thoilichte an sin fad iomadh linn. Ach dh'fhalbh sin agus thàinig latha eile oirnn, latha duilich. Agus b' e Ignig a bu choireach ris na thachair dhuinn.

Dh'fhàs e suas na luchag òg thuigseach agus cha robh teagamh sam bith am measg an t-sluaigh gur e a bhiodh air ceann nan luchan uile nuair a bhàsaicheadh Siulp Seannluch.

Ach thàinig atharrachadh air Ignig. Chuir e cùl ris an ionnsachadh. Agus dh'fhàs e leisg. Chitheadh tu e, latha a bhiodh càch is fallas dhiubh, ga shliobadh fhèin no a' coiseachd mun cuairt agus a' bruidhinn riutha. 'S bha e geur air a theanga cuideachd.

Chan eil fhios agam ciamar a thòisich an dannsa. An e tàlant a bha ann o rugadh e, no dè? Co-dhiù, thàinig fios aon latha sinn a thighinn chun na Creig a dh'fhaicinn Ignig. Chan fhaca tu a-riamh a leithid. Bha na luchain gu lèir cruinn, a' gàireachdainn is ag èigheachd. Am fasgadh na creige, air cnoc mu ar coinneamh, bha Ignig, a' dannsa. 'S e Ignig Dannsair a bha aca air on uair sin.

Cha do rugadh luch a-riamh nach b' urrainn leum — feumaidh sinn a bhith math air airson ar beatha a ghlèidheil am measg nam fuamhairean agus nan coin. Ach leumadaich Ignig! Sìos leis agus suas a-rithist, cho àrd ri glùn fuamhaire. Cha b' urrainn dhut do shùil a thogail dheth.

On latha sin a-mach, cha do chuir Ignig a spòg ri obair. Choisinn e a bhiadh agus tòrr a bharrachd le chuid bocadaich. Bha an òigridh air am mealladh uile gu lèir leis — leanadh iad a dh'àite sam bith e. Ach cha robh iad ag obair mar bu chòir, agus bha a bhuil ann. Bha dragh air na seanairean. Thuirt Siulp Seannluch riutha gun tigeadh droch latha orra mura leanadh iad ris na seann cleachdaidhean agus mura dèanadh iad an obair. Ach bha an òigridh coma dè a bha na seann luchan ag ràdh. Dad ach am faca tu Ignig a' dèanamh siud? No saoil cò an tè a bhios aige a-nochd?

Chaidh fios mu Ignig air feadh an t-saoghail, agus bha luchd-turais a' tighinn às gach àite, le prèasantan agus biadh, a dh'fhaicinn "Ignig Dannsair". Cha robh guth againn air obair-fearainn. A' chlann a' feuchainn ri dannsa; sinne ag innse na sgeòil; agus na seanairean a' crathadh an cinn. Nuair a thòisich an t-arbhar ag abachadh, ge-tà, thog an luchd-turais orra dhachaigh gun obair fhèin. Ach bha sinne air a bhith beò air prèasantan nan coigreach cho fada 's gun robh obair air a dhol à fasan. Droch àm a bh' ann. Cha robh biadh air fhàgail agus chluinneadh tu pàistean ag èigheachd leis an acras.

Is e Ignig fhèin a chuir gnothaichean ceart. Thàinig e a-mach às an lùchairt ùr aige aon latha agus choisich e gun stad, is am baile ga leantainn, gus na ràinig e làrach nan Corc-thaighean. Thòisich e ag obair agus abair obair! Fear nach do dh'obraich a-riamh!

Mionaich a bha a' rùchdail leis an acras roimhe, bha pailteas bidhe annt' a-nis. Agus a h-uile mac màthar a-rithist a' moladh Ignig Dannsair. Aon oidhche, nuair a bha an obair seachad, dh'iarr Ignig cead air Siulp a dhol a dhanns. Bha sinne uile toilichte gu leòr le seo, oir nach robh Ignig air biadh a thoirt dhuinn, ach a dh'aindeoin sin dhiùlt Siulp. 'S e mearachd glè amaideach a bha sin mar a fhuair sinn a-mach às dèidh seo.

Is ann an latha a bha na fuamhairean a' cur an arbhair a-steach a thachair a' chreach. Latha air leth trang. Latha grianach, grànda.

An ath shùil a thug sinn, bha Ignig air ruith a-mach. Stad e pìos bhuainn. Agus thòisich e ri leum, cho àrd ri cluas coin. B' e seo an seann Ignig, an Dannsair. Nuair a thàinig an cù às a dhèidh, 's ann a thòisich Ignig a' dèanamh amadan dhen chù 's e cho mòr agus slaodach. Mach leinne às an fhasgadh gus am faigheadh sinn sealladh nas fheàrr air an spòrs. Cha robh guth air cunnart.

Bha na fuamhairean againn mus do thuig sinn dè thachair. O, mort agus marbhadh eagalach! Cha do thill ach triùir againn. Chaidh Ignig a ruagadh air falbh às a' bhaile.

Greis as dèidh sin, nuair a chuala sinn gun do bhàsaich Ignig, chaidh osann suas às a' bhaile, osann a bha a' nochdadh taingealachd agus aithreachas.

Cha robh, cha robh mise riamh aig tiodhlacadh cho mòr . . .

Stèidhte air an sgeulachd, 'Ignig Dannsair' le Iain Moireach
[An Aghaidh Choimheach, 1973]

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

1. Dè, anns a' chiad pharagraf, a tha a' sealltainn gun robh diofar fhaireachdainnean aig na luchain mu Ignig?

3

2. A bharrachd air a choltas, dè a tha air innse dhuinn mu Ignig anns an dara paragraf?

2

3. Anns an treas paragraf, tha an sgeulaiche ag ràdh gur e Ignig **a bu choireach ris na thachair** dha na luchain ach chan eil e ag innse airson greis dè dìreach a thachair. Carson, na do bheachd, a tha an sgrìobhaiche a' dèanamh seo?

2

4. (a) Chan eil e air innse gu cinnteach chun a' cheathramh paragraf gur ann mu luchain a tha an sgeulachd. Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha seo?

1

4. (continued)

- (b) Dè a tha air innse dhuinn mu choltas Ignig faisg air toiseach na sgeulachd a dh'fhaodadh a bhith air innse dhuinn gur e luch a bha ann?

2

5. Cò ris a bha Ignig coltach agus dè na rudan a bhiodh e a' dèanamh às dèidh dha atharrachadh? (Paragraf 5)

4

6. Cò bha anns na **fuamhairean**?

1

7. Dè a' bhuaidh a bha aig Ignig air an òigridh agus dè a shaoil na seanairean a thachradh air sgàth seo?

3

8. Anns a' pharagraf a' tòiseachadh, **Chaidh fios mu Ignig air feadh an t-saoghail . . .** tha e air innse gun do sguir na luchain a dh'obair agus gun robh iad a-nise beò air rudan a bheireadh luchd-turais dhaibh. Dè tha seo a' ràdh rinne mun t-saoghal againne san latha an-diugh?

3

9. Nuair a dh'fhaighnich Ignig do Shiulp am faodadh e dannsa, thuirt Siulp nach fhaodadh. Carson a bha am freagairt seo **amaideach**?

3

10. Ciamar, bho shealladh luch, a b' urrainn latha a bhith an dà chuid **grianach** agus **grànda**?

2

11. Tha an osann a chaidh suas às a' bhaile nuair a bhàsaich Ignig a' nochdadh **taingealachd** agus **aithreachas**. Carson taingealachd? Agus carson a bhiodh iad a' faireachdainn duilich airson mar a thachair?

2

12. Dè seòrsa dòigh-sgrìobhaidh a tha anns an sgeulachd seo?

2
(30)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas. Bu chòir do fhreagairt a bhith mu 400 facal a dh'fhaid.

1. “Teaghlach.” Sgrìobh mun chuspair seo, ann an dòigh sam bith a thogras tu. (30)
2. “Bu chòir dhan a h-uile sgoilear bliadhna a ghabhail dheth as dèidh an sgoil fhàgail mus tèid iad air adhart gu oilthigh no obair.”
Thoir do bheachd air a' chuspair seo. (30)
3. Thoir cunntas air cruinneachadh no tachartas mòr aig an robh thu, mar gum biodh tu a' sgrìobhadh airson pàipear-naidheachd. (30)
4. “Ged a tha Iain sona, soirbheachail a-nise, cha robh e an-còmhnaidh mar sin.”
Sgrìobh sgeulachd ghoirid a' tòiseachadh leis an t-seantans seo.
No
“. . . Is dòcha gu bheil an sgeulachd seo doirbh a creidsinn ach 's ann dhòmhsa a thachair i.”
Sgrìobh sgeulachd ghoirid a' crìochnachadh leis an t-seantans seo. (30)
5. “Is iomadh rud a chì an neach a bhios fada beò.” (30)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair AON cheist:

ROSG (Prose)

1. Tagh pìos de rosg (nobhail, sgeulachd ghoirid etc, aiste). Innis mu chuspair a ghlac d' aire, anns na leugh thu, agus seall mar a ghluais e thu gu pearsanta.
Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air: cuspair, amas, stoidhle is nithean iomchaidh eile. (30)
2. Tagh nobhail no sgeulachd(an) g(h)oirid anns a bheil tachartas sònraichte a' gabhail àite. Innis mar a tha an t-ùghdar a' gluasad na sgeulachd air adhart ceum air cheum ann an dòigh a tha tarraingeach don leughadair.
Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air structar, plota is nithean iomchaidh eile. (30)
3. Tagh pìos rosg is toil leat. Innis carson, a' bualadh air a' chuspair fhèin is air an dòigh sgrìobhaidh. (30)

BÀRDACHD (Poetry)

4. Tagh dà phìos bàrdachd mun aon chuspair — aon phìos traidiseanta 's am pìos eile san nòs ùr. Dèan coimeas eadar an dà phìos a' toirt beachd air mar a tha gach pìos a' dèiligeadh ris a' chuspair. Innis dè am pìos as fheàrr leat.
Nad fhreagairt feumaidh tu cumail gu dlùth ri gach teacsa agus a bhith a' bualadh air structar, ìomhaigheachd is eile. (30)
5. Tagh pìos bàrdachd a tha a' bualadh air saoghal an latha an-diugh. Innis gu dè an ceangal a tha aig a phìos bàrdachd ris an t-saoghal againn agus mìnich mar a tha brìgh agus stoidhle a' phìos a' toirt taic dhan chuspair. (30)
6. Tagh bàrd is toil leat agus innis beagan mun bhàrd fhèin agus beagan mu na cuspairean air am biodh e ri bàrdachd. Thoir cunntas air an dà phìos bàrdachd a b' fheàrr a chòrd riut fhèin bhon bhàrd is mìnich na tha e/i ag ràdh annta. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
B(iii)	Litreachas / 30
Total	120

ACKNOWLEDGEMENTS

Section B(i): Reading – Extract from “*Ignig Danmsair*” by Iain Moireach, taken from An Aghaidh Choimheach. Published by Gairm Publications. Permission being sought.